

Plana- Gnìomha do Chultur an Albainn Nuaidh

Cruthachalachd agus
Coimhearsnachd

Gearr-chunntas Luchd-gnìomha

Tha Roinn nan Coimhearsnachdan, a' Chultuir agus an Dualchais a' taisbeanadh a' chiad Phlana-Gnìomha Ioma-chùimseach do Chultur an Albainn Nuaidh. A chionn 's gum bi cultur a' buntainn do ghach pàirt dh'ar beatha, ghabh sinn ri léisrinn fharsuing ion-ghabhalach. Ged nach téid againn air gach miar dh'ar cultur a mhìneachadh, tha fhios againn gu dé mar a bhios e a' toirt oirnn faireachdainn, ciamar a bhios e a' toirt buaidh oirnn, ciamar a bhios e a' cruthachadh ar beatha.

Ged a tha buannachd ann an cultur brìghmhor, cuiridh e ri fàs eaconomaigeach agus ri soirbheachas. 'S e ar miann leis a' phlana seo tuilleadh a dhèanadh do roinn a' chultuir agus tuilleadh a dhèanadh gus luaidh a dhèanadh air ar cultur 's ar dualchas agus a bhi 'gan compàirticheadh, agus gun dèanar tuilleadh dha na coimhearsnachdan iomadh-dhòigheach againn. Bidh e a' cur mur coinneamh gu dé a dh'fhaodadh a bhi ann an cultur le tuilleadh prìomhachais, le tuilleadh dol an sàs, agus le tuilleadh dhaoine a' gluasad air adhart le chéile.

Bidh am plana-gnìomha seo a' neartachadh amasan is cinn-uidhe ar roinneadh ann a bhi a' cur ri slànachd is piseach choimhearsnachdan iomadh-dhòigheach agus cruthachail ann an Albainn Nuaidh le bhi a' brosnachadh, a' leasachadh, a' gléidheadh agus a' luaidh cultur, dualchas, dearbh-aithne agus cànanan na mór-roinneadh.

Treòraichidh am plana-gnìomha seo Riaghaltas na h-Albann Nuaidhe anns a' phròsas a bhi a' tighinn gu co-dhùnaidhean, a' toirt dhaibh gnìomhan, prìomh-amasan innleachdail, agus chuspairean-diachainn. Mar a bhios buaidh aig cultur anns gach pàirt dh'ar beatha, tha e cuideachd 'ga chòmpairteachadh thar roinntean an riaghaltais. Gus na h-amasan seo a thoirt gu buil, bidh sinn an urra ri co-obrachadh, dealas, agus co-thaic bho ar co-làimhichean.

Tha am plana-gnìomha a tha seo an urra ri muinntir na h-Albann Nuaidhe – gus ar cultur 's ar dualchas a thoirt am follais na's mutha, gus an altrumachadh, an sgaoileadh, is an co-roinn, agus gus ùr-ghnàthachas agus gléidheadh a bhrosnachadh. Cuiridh cultur brìghmhor ion-ghabhalach ri ar dòigh-beatha, ri ar coimhearsnachdan, ris an dualchas a th' againn an cumantas, agus ri ar soirbheachas. Feumaidh gach aon, gach guth, an cuid cultuir a chruthachadh agus a chompairteachadh.

*“Feumaidh neach bàrdachd,
déidhealachd, daoine
agus plana”*

*Seòrsa Elliott Mac a' Chléirich,
Bàrd Pàrlamaid Chanada
is Ùr-Albannach*

Carson a bhiodh Plana-Gnìomha do Chultur ann?

- Tha cultur 'na mheadhon dha ar dearbh-aithne, dha ar pròis, dha ar slànachd mar aon, mar theaghlaidhean, mar choimhearsnachdan, mar mhór-roinn.
- 'S ann farsuing agus ion-ghabhalach a tha an léirsinn againn air cultur. Tha cultur na h-Albann Nuaidhe a' toirt a-staigh nan ealan, dualchais, thaighean-tasgaidh, leabhar-lainn, thasglainn, chànanan, aithne-chultuirail, ghiomhachais-cruthachail, bìdhe, spioradalachd agus mar a bhios sinn an dàimh ris an nàdur.

A' Bhuaidh Eaconomaigeach

- Cha mhór nach eil 14,000 neach ann an Albainn Nuaidh ag obair ann an earann a' chultuir, a' cur \$949 millean ri eaconamaidh na mór-roinneadh ann an 2015. Suas bho \$823 millean ann an 2010.
- A bharrachd air an toradh nàdurra a th' ann ann a bhi a' fuireach agus ag obair ann an àite le cultur ioma-dhòigheach fàsmhorachd, tha gealladh eaconomaigeach glé mhór aig ar cultur, araon a' seo aig baile – agus cuideachd thar nan crìochan againn – ann an iomairtean às-mhalairt.

Sia Ùrlaran, Iomadh Gnìomh

Tha iomadh gnìomh air an liosta anns an sgrìobhainn ioma-chuimsich do Phlana-Ghniomha do Chultur, a gheobhar aig: novascotia.ca/culture. Tha feadhainn dhiubh seo air an cur an gnìomh leis an riaghaltas mar thà; tòisichidh feadhainn eile ann an 2017 agus leanaidh iad orra fad iomadh bliadhna. Gu h-iseal, gheobhar na barr-phuingean bho'n sgrìobhainn iomlaine:

Cultur nam Mìogmac 'ga Bhrosnachadh

- Aithnich agus bheir taic do mhineachadh nam Mìogmac agus sealbhadaireachd cultur nam Mìogmac – a' cuideachadh nam Mìogmac gus naidheachdan Mìogmacach innse.
- Obraich le buidhnean foghlum is eile nam Mìogmac gus cànan nam Mìogmac ath-bheòthachadh agus a aithneachadh altramachadh.
- Miadaich léireas agus tuigse a' chultuir Mhìogmacach.

Cruthachalachd agus Ùr-ghnàthachas a Bhrosnachadh

- Dèan Maoin Ùr-Ghnàthachas a' Chultuir a bhios ag aithneachadh agus a bheir taic do dh'iomairtean ùr-ghnàthachas cultuirail a chuireas aghaidh air prìomh-amasan agus cothroman sòisealta.
- Rannsaich cèarnan cruthachalachd agus "bogsaidhean gainmhich a' chultuir" mar thàrmachairean do dhòighean ùra ùr-ghnàthasach gus duilgheadasan 'fhuasgladh agus gus cultur a chur gu feum mar thoradh do mhuintir na h-Albann Nuaidhe.
- Bheir taic do roinntean neo-phrothaide agus saor-thoileach ag aithneachadh àite nan saor-thoileach 'nar coimhearsnachdan agus an gnìomhan culturach.

Foghlum, Compàirteachais agus Tuigse a Neartachadh

- Obraich le stéidheachaidhean aig ìre na h-iar-sgoileadh gus sgilean-leasachaidh tionnsgainneach agus ás-mhalairt do chosnaichean cruthachail a mhiadachadh.
- Obraich gus foghlum culturail a neartachadh agus a liadachadh ann an siostam nan sgoiltean poblacha, bho ìre na bun-sgoileadh gu 12.
- Brosnaich mothachadh culturail agus cothromas 'ro theagasg 's an t-seòmair-chlas agus ghoireasan ionnsachaidh.

Iomadachd Chulturail Adhartachadh

- Co-obraich leis a' choimhearsnachd, le roinntean an riaghaltais agus roinntean beaga agus le feadhainn eile gus aghaidh a chur air gràin-chinnidh agus leth-breith.
- Obraich gus taic a thoirt do chaochladh choimhearsnachdan culturail agus do dhearbha-aithnean 's a' mhór-roinn, coimhearsnachdan culturail ùra 'nam measg, agus gus mothachadh agus tuigse a-measg chulturan uile a bhrosnachadh.
- Ùraich Achd Ioma-Chultarachd na Mór-roinneadh (1989) gus am bi e na's iomchaidh do dh'Albainn Nuaidh mar a tha i 's an là a th' ann an diugh agus mar a bhios i 's an là a bhios ann a-màireach.

Sàr-Mhathas ann an Stiùbhartachd Chulturail

- Cuidich siostam Taigh-tasgaidh na h-Albann Nuaidhe gus sgeul na mór-roinneadh innseadh ann an dòigh gun téid a bhuntainneas agus tharraingeachd do luchd-tadhail a mhiadachadh.
- Miadaich éifeachdas agus follaiseachd nam prógraman maoinne a bheir taic do bhuidhnean agus ionadan culturail, spòrsa agus chur-seachadan ann an dòigh a bhios a' taobhadh ceàrnan dùthchail an Albainn Nuaidh.
- Obraich gus Innleachd Shlighean do dh'Albainn Nuaidh a thoirt gu ìre.

Brosnaich mothachadh agus fàs eaconomaigeach na h-earrainn culturail

- Cruthaich prógram margaidheachd "Ceannaich Cultur na h-Albann Nuaidhe" nas ioma-chuimsiche, a' togail air na modailean "Blas na h-Albann Nuaidhe" agus "Tagh Alba Nuadh".
- Cuir gu feum Maoin Ghnìomhachais Chruthachaile a tha ann mar thà a bhios 'ga cuideachadh gus an ás-mhalairtich gnìomhachais agus buidhnean neo-phrothaide air feadh na cruinn-cé, a' comharradh roinn: a' chiùil, foillseachadh nan leabhraichean, a' chiùird, nam dealbhannan, an dealbhachaidh, nan ealan-sùla agus cluiche.
- Obraich le Sgàil na h-Albann Nuaidh agus buidhnean gnìomhachais gus gnìomhachas nan dealbhannan agus telebhisean a neartachadh le prìomhachas air filmeadairean, sgrìobhadairean agus riochdairean na h-Albann Nuaidhe a nì stuth ionadail agus gus iomadachd agus co-ionannachd gné a bhrosnachadh.
- Cuir dòigh-obrach innleachd, tar-riaghaltais air chois gus tachartasan a leasachadh, a tharruing agus a mhaoineachadh.

Co-Choimhearlachadh agus Ion-Chur dha' n Phlana

- Am Foghar 2016: co-choimhearlachadh foirmeil le Oifis Co-Réiteachaidh Iomairt Còirichean nam Miogmac, a' riochdachadh Comhdhail Ceann-Cinnidh nam Miogmac an Albainn Nuaidh, a' cruinneachadh bheachdan bho chiad luchd-tuineachaidh na h-Albann Nuaidh.
- Bho 'n Céitean gu ruige an t-Sultain 2016: Libhrig tuilleadh air 800 Ùr-Albannach am beachdan thro thachartasan poblacha, ceisteachain-fóna agus air an eadar-lion.
- Eadar an Dùdlachd 2015 agus am Màrt 2016: bùithtean-obrach ann an 14 coimhearsnachdan le 188 buidhnean-compàirtiche; ceisteachan air an eadar-lion le tuilleadh is 1000 freagairt.

Gus am plana iomlan a leughadh theirigibh gu: novascotia.ca/culture

Ar Léirsinn

Tha Alba Nuadh aithnichte mar a bhi adhartach ann an Canada mar àite far an soirbhich cultur agus mar a bhios e 'ga chur an céill, dearbh-aithne chultuirail, agus an eaconamaidh culturach; mar àite far an gabh gach sluagh ri iomadachd agus dualchas, a' toirt urram dhaibh, agus far an sealbhaich iad thro chruthachalachd neo-chrìochnach agus thro bhannan na coimhearsnachd.